



Rioghachd Dhalriata

Bhon 5mh linn co-dhiù, bha **Rioghachd** Dhalriata air gach taobh de Shruth na Maoile, agus a' gabhail a-steach na **sgìre** ris an canar Contae Aontrama an-diugh, ann an Èirinn a Tuath, agus pàirt de na h-Eileanan A-staigh agus Earra-Ghàidheal.

Stèidhich Gàidheil à Aontroim an Ulaidh **rìoghachd** Dhalriata ann an Earra-Ghàidheal. Tha **fianais clàraichte** ag innse mar a għluais Fearghas Mòr mac Eirc, Righ Dhalriata an Ulaidh, a-null a dh'Alba mu 500AC.

Thug e a' Ghàidhlig a dh'Alba, rinn e **ceanna bhaile** ùr, Dùn Athad, agus leig e seachad a **chòir** air **fearann** ann an Ulaidh.

